

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

## BÒRD NA GÀIDHLIG AG ÙRACHADH AIG ASTAR

14 An Dàmhair 2009

Bidh Bòrd na Gàidhlig, a' phrìomh bhuidheann leasachaidh Gàidhlig, a' gabhail ceumanan cudromach air an t-slighe gu ath-chruthachadh air dòighean obrach agus structar nuair a thèid grunn dhreuchdan ùra a shanasachd an ath sheachdain. Tha seo mar phàirt dhen obair aig an Sgioba Taice Eadar-amail a chaidh a dh'obair còmhla ris a' Bhòrd bho chionn grunn mhìosan airson an structair a libhrigeadh.

Tha cuid de na h-atharraichean air tachairt mar tha, le luchd-obrach air an dreuchdan a ghluasad gu roinnean agus uallaich as ùr. Tha Rosemary Nic a' Bhàird an Stiùiriche Foghlaim gu bhith na Leasaiche Foghlaim is Ionnsachadh. Thèid dà dhreuchd eile airson Leasaiche Cànan Gàidhlig agus Leasaiche Sheirbheisean Ionmhais agus Corporra a shanasachd, dà phost airson Oifigich an Roinn an Fhoghlaim agus dreuchd Rianaire.

A' mìneachadh na bha a' tachairt, thuirt Art MacCarraig, Cathraiche a' Bhùird: "Tha an Sgioba Taice air obair mhòr a dhèanamh airson a bhith cinnteach gu bheil sinn a' cruthachadh structar a bhios a' tabhann seirbheis nas èifeachdaiche do na buidhnean Gàidhlig eile agus do choimearsnachd na Gàidhlig. Chaidh na dreuchdan a bh'againn a mheasadh agus tha grunn dhaoine nis le uallaich ùra. Tha mi toilichte gu bheil an earann seo dhen obair a nis deiseil agus coileanta. Tha e cudromach gun lorg sinn a nis daoine a thig gu bhith nan Leasachaidhean le eòlas agus sgilean freagarrach, ach an gluais sinn air adhart agus gun tig sinn suas ri gach dùbhlann a tha romhainn, nam measg amas a' Mhinistir airson ginealach ùr de luchd-labhairt na Gàidhlig fhàs."

Bidh am Bòrd a' sireadh Ceannard aig toiseach na bliadhna ùire. Bidh na h-uimhir de shùbailteachd ann a thaobh làraich stèidhichte mu choinneimh dreuchdan fa-leth, a-rèir feumalachdan a' Bhùird agus dòighean obrach. Dh'fhaodadh e bhith nach leig leas cuid de na dreuchdan a tha ri thighinn a bhith stèidhichte ann an Inbhir Nis.

Thuirt Mgr MacCarraig: "Tha mi fhathast gu math cinnteach gu bheil na tha sinn a' cur romhainn gu bhith a' tairgse leantainneachd agus piseach, a' togail air na rinneadh mar tha. Chan eil fada bhon choinnich sinn ri ceannbhairean nam buidhnean Gàidhlig agus bha e na mhisneachadh mòr dhomh na beachdan aca air an t-slighe romhainn a chluinntinn. Tha sinn uile air an aon ràmh a thaobh slighe agus amasan bunaiteach agus tha mi air leth toilichte gu

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



bheil an t-astar aig a bheil sinn a’ gluasad a’ sìor thogail agus gun tèid againn air na rùintean a th’againn còmhla ris an Riaghaltas a choileanadh.”

Bidh obair an Sgioba Taice a’ leantainn gus am bi an structar ùr stèidhichte. Bidh làn fhiosrachadh air na dreuchdan ùra a’ nochdadh air làrach lìn a’ Bhùird deireadh na seachdain seo tighinn - [www.bord-na-gaidhlig.org.uk](http://www.bord-na-gaidhlig.org.uk) – no bho oifisean a’ Bhùird ann an Inbhir Nis.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## **BÒRD NA GÀIDHLIG RESTRUCTURING PROCESS MOVES ASPACE**

**14 October 2009**

Bòrd na Gàidhlig, the principal public body promoting and developing Gaelic, will be advertising for a number of new posts next week (beginning 19 October) as its restructuring gathers momentum. An interim senior support team (ISST) was appointed to the Bòrd in June of this year to increase its capacity to implement the National Plan for Gaelic and to supervise planned changes in its structure and operations.

This has now led to the establishment of a new structure with some of the posts and personnel already in place. Rosemary Ward, formerly Education Director will be the new Director for Education and Learning. Two other Directorships (Leasachaidhean), for Gaelic Usage and Finance & Corporate Services, will be amongst the five jobs being advertised. The others will be two Education Officer posts and an Office Supervisor.

Confirming the changes, Arthur Cormack, Chair of the Bòrd said: "The Interim Support Team has worked in great detail to enable the organisation to offer a better and more efficient service to other Gaelic organisations and the Gaelic community. Current staff have been undergoing a job-matching exercise which has seen some of them who have been with the Bòrd for some time undertake new responsibilities. I am pleased that this part of the process has now been satisfactorily concluded. It is important now that we find people to undertake the two Directorships being advertised with appropriate skills and experience to take us forward and to meet the challenge the Minister for Gaelic has set us of creating a new generation of Gaelic speakers."

The Bòrd has also confirmed that the post of Ceannard (Chief Executive) will be advertised at the start of 2010. There will be a degree of flexibility within the allocation of work locations, depending on the needs and operation of the organisation. It is possible therefore that some of the posts within the new Bòrd structure need not be based in Inverness.

Mr Cormack said: "I remain confident that what we are putting in place will support the organisation and sustain continuous improvement in its operations and working practices already evidenced in the past 12 months. We recently had a meeting of senior staff from all the Gaelic organisations and it was refreshing and uplifting to hear their views on the way forward. There is a collective will to succeed and to deliver on our core objectives and I am delighted that we are now gathering pace with the restructuring and that we will deliver on the shared objectives we have with the Scottish Government."

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



The ISST team will be in place at Bòrd na Gàidhlig until the new structure is complete and all posts filled. Full details of the new posts including job descriptions will be available on the Bòrd na Gàidhlig website [www.bord-na-gaidhlig.org.uk](http://www.bord-na-gaidhlig.org.uk) from the end of next week, or from the Bòrd na Gàidhlig office in Inverness.